

X229/701

TEISTEAN AIS DIARDAOIN, 26 CÈITEAN
NÀISEANTA 1.00 PM – 4.00 PM
2011

GÀIDHLIG
AN ÀRD ÌRE ADHARTACH

Roinn (i): Sgrìobhadh

Roinn (ii): Sgrùdadadh

Roinn (iii): Litreachas

Roinn (iv): Eadar-theangachadh

Na fosgail am pàipear seo gus an tèid iarraidh ort.

Tha ceithir roinnean anns a' Phàipear. Bu chòir feuchainn ri na ceithir roinnean a fhreagairt. Feumaidh tu leabhran freagairt às ùr airson gach roinn. Feuch gun dèan thu soilleir aig toiseach gach leabhrain gu dè an roinn a tha thu a' freagairt agus cuimhnich air ùine gu leòr fhàgail airson gach roinn a fhreagairt.



[DUILLEAG FHALAMH]

Comharraighean

Sgriobh ann an Gàidhlig air AON de na cinn seo.

1. An Dachaigh. (50)
2. Tha luchd-poilitigs a' dèanamh an rud a thogras iad fhèin. (50)
3. Beairteas. (50)
4. Chòrdadh e rium a bhith air coinneachadh ri (50)
5. Ionndrainn. (50)
6. An neach **no** an suidheachadh a bu mhotha a thug gàire orm riamh. (50)
7. Draghan na h-Òigridh. (50)
8. An saoghal mun cuairt orm. (50)

[Tionndaidh an duilleag

Freagair DÀ Earrann—(1) Rosg agus (2) Bàrdachd**Earrann 1—Rosg**

Leugh an earrann seo agus freagair, nad fhacail fhèin, na ceistean a tha na cois.

Chan e toileachas sam bith a tha ann gun robh mi cho ceart a bhith a' fàidheadaireachd mar a bha gràin-cinnidh dol a dh'fhàs an lùib seacadh na h-eaconamaidh.

Gu mì-fhortanach tha cùisean air töiseachadh ri teasachadh air feadh na dùthcha agus chan ann nas fheàrr a thèid e. Chan eil e na iongnadh ann an dòigh gu bheil seo air tachairt oir tha e ann an àdar an duine a bhith ag iarraidh coire a chur air cuideigin airson trioblaid sam bith air nach eil freagairt aige. Thòisich sin nuair a thuirt Àdhamh gur i am boireannach a ghoid an t-ubhal!

Nuair a ghabh Breatainn ballrachd anns an Aonadh Eòrpach ann an 1973 dh'aontaich sinn ri saorsa siubhail is cosnaidh eadar sinn fhèin is dùthchannan eile an Aonaidh.

10 Cha robh e na iongnadh gun robh na miltean de dhaoine òga a' sruthadh a-nall às a' Phòlainn is an taobh an ear nuair a bha cothrom aca, leis gun robh leithid de dh'eadar-dhealachadh ann an ìrean na h-eaconamaidh agus cothrom cosnaidh an seo. Ach sin na riaghailtean aig an Aonadh agus ghabh Breatainn riutha math is dona! Agus tha mòran dhiubh dona dhuinne ann an Alba ged nach biodh ann ach an sgrios a tha 15 poileasaidhean iasgaich air a thoirt air bailtean agus sgìrean iomaill na dùthcha againn.

Nuair a bhios na h-aonaidhean-ceàird a' seasamh càraichean luchd-obrach an seo fhèin agus ann an dùthchannan eile, tha sinn uasal asta a bhith a' seasamh gu dileas rin dleastanais. Tha dleastanas aca a-nise dèanamh cinnteach nach eil an an-fhois a nochd an aghaidh luchd-obrach a tha an seo à dùthchannan eile, às an Aonadh Eòrpach gu 20 h-àraidh, dol a dhùsgadh an tuilleadh masladh gràin-cinnidh anns an dùthaich seo.

Stèidhete air artaigil a sgrìobh Ailean Caimbeul anns an Oban Times (An Gearran 2009)

CEISTEAN

- | | | |
|----|--|-------------|
| 1. | Dè an suidheachadh gu bheil an sgriobhadair a' tarraing aire an leughadair aig
toiseach na h-earrainn? | 2 |
| 2. | Dè tha an sgriobhadair ag ràdh a tha, gu ìre, a' mìneachadh carson a tha an
suidheachadh mar a tha e? | 3 |
| 3. | Ciamar a tha na dh'aontaich sinn ris ann an 1973 a-nis a' toirt buaidh air an
t-suidheachadh mu bheil an sgriobhadair a' bruidhinn? | 3 |
| 4. | Seall dè tha na briathran, " Ach sin na riaghailtean aig an Aonadh, agus
ghabh Breatann riutha math is dona! " ag innse dhuinn mu bheachdan an
sgriobhadair? | 3 |
| 5. | Innis dè am beachd a tha aig an sgriobhadair air mar a tha poileasaidhean
iasgaich an Aonaidh a' bualadh air Alba. | 1 |
| 6. | Dè an obair dhoirbh a tha a-nis mu choinneamh nan aonaidhean-ceàird? | 3 |
| | | (15) |

[Tionndaidh an duilleag

Roinn (ii)—Sgrùdadadh

Freagair DÀ Earrann—1 agus 2

Earrann 2—Bàrdachd

Leugh an dàn seo agus freagair, nad fhacail fhèin, na ceistean a tha na chois.

Am Bombair

Do ghob a' tolladh na speuran
Do sgiathan a' sgoltadh na neòil
Mar eun à Ifrinn a dh'èireadh
Gun fhuil, gun ite, gun fheòil;
Lèirsgrios nad chom agus lèireadh
'S am bàs na do ghunnaichean caol;
Air bòrd tha balaich làn geur-chuis
Bho phàrantan coibhneil is caomh
O na dh'ionnsaich iad onair is aoigheachd
Is eòlas air nithean tha naomh;
Ach sgriosaidh iad firean is faoigheach,
A' mhàthair 's a naoidhean caoin.
Ach, a Dhè, na cuir coire air na suinn—
Cha b' iadsan a rinn an taigh-caoich.

Le Dòmhnull Alasdair Dòmhnullach

CEISTEAN

- | | |
|--|-------------|
| 1. Carson a tha a' chànan anns a' chiad dà loidhne den bhàrdachd cho èifeachdach, na do bheachd? | 2 |
| 2. Dè na dòighean anns a bheil am plèan coltach ri eun, agus dè seòrsa eun? | 3 |
| 3. Dè tha am bàrd ag innse dhuinn mun sgioba a tha air bòrd a' bhombair? | 3 |
| 4. Beachdaich air an dà loidhne a tha a' tòiseachadh 'Ach sgriosaidh iad . . .'. Carson, na do bheachd, a tha iad a' tòiseachadh leis an fhacal 'Ach' agus dè an teachdaireachd a tha iad a' cur an cèill? | 3 |
| 5. Dè tha eadar-dhealaichte mun dà loidhne mu dheireadh agus dè an teachdaireachd a tha iad a' cur an cèill? | 4 |
| | (15) |

[Tionndaidh an duilleag

Comharraidhean

Freagair **AON** de na ceistean seo air an litreachas Gàidhlig a rannsaich thu anns a' chùrsa.

1. Sgeulachd-ghoirid

Ann an sgeulachdan-ghoirid bidh an sgrìobhadair glè thric a' sealltainn dhuinn a' bhuaidh a tha aig na tha tachairt air a' phrìomh charactar. Beachdaich gu mionaideach air dà sgeulachd-ghoirid mu bheil seo fior agus innis dè chaidh a thoirt gu d' aire tro na sgeulachdan seo.

(50)

2. Sgeulachd-ghoirid

Tagh dà sgeulachd-ghoirid a tha thu a' smaoineachadh a tha air leth soirbheachail agus, le bhith a' beachdachadh orra gu mionaideach, seall carson a tha iad ag obrachadh cho math.

(50)

3. Bàrdachd

Beachdaich gu mionaideach air dà phìos bàrdachd a thug ort smaoineachadh mu chuspair air nach do rinn thu mòran smaoineachaiddh ron a seo. Seall dè bhuaidh a bha aig na pìosan bàrdachd seo ort agus innis ciamar a chaidh aig a' bhàrd/na bàird air a' bhuaidh seo a thoirt ort.

(50)

4. Bàrdachd

Tagh dà phìos bàrdachd a mholadh tu do neach eile a leughadh agus, le bhith beachdachadh orra gu mionaideach, innis carson a thagh thu an dà phìos sin.

(50)

5. Nobhail

Tagh nobhail Gàidhlig a tha thu a' meas soirbheachail. Le bhith a' beachdachadh gu mionaideach air, seall dè tha ga dhèanamh soirbheachail.

(50)

6. Eachdraidh-beatha

Tha sgeulachd aig a h-uile duine ri innse ach 's e an dòigh anns an tèid a h-innse a tha a' glacadh aire an leughadair. Le bhith a' beachdachadh air leabhar eachdraidh-beatha a leugh thu anns a' Ghàidhlig, seall a bheil no nach eil thu ag aontachadh ris a' bheachd seo.

(50)

Eadar-theangaich an earrann a leanas.

Thousands of older people in the UK die of cold-related illnesses each year. Many of these deaths could be avoided. Despite the fact that the UK is one of the richest countries in the world, our older people suffer because of poor housing, poverty and the high cost of heating homes during the winter. One in eight older people turn off the heating, even when they are cold, because they are worried about the cost.

We cannot allow this situation to continue any longer.

(20)

[*CRÌOCH A' PHÀIPEIR*]

ACKNOWLEDGEMENTS

Roinn (ii) Sgrudadh Earrann 1—Rosg—Extract has been taken from *The Oban Times*, February 2009. Reproduced by kind permission of Wyvex Media Ltd.

Roinn (ii) Sgrudadh Earrann 2—Bardachd—Extract from poem, *Bardachd Dhomhnaill Alasdair* by Donald McDonald, is reproduced by kind permission of Acair Ltd.

[DUILLEAG FHALAMH]

[DUILLEAG FHALAMH]